

TIOTAL-OBACH	Oifigear Ruigsinneachd is Cheadan
ROINN	Tobar an Dualchais
AN URRA RI	Stiùiriche Thobar an Dualchais
SGÈILE THUARASTAIL	£26,500 - £28,252 (a rèir eòlais)
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig
CÙMHNANT	Làn-ùine, aon bhliadhna (ùine-shuidhichte)

Mu Thobar an Dualchais / Kist o Riches

Is e Tobar an Dualchais am prìomh ghoireas didseatach ann an Alba airson clàraidhean-fuaim de chultar na Gàidhlig agus na h-Albais, a' gabhail a-steach òrain, sgeulachdan, beul-aithris agus eachdraidh ionadail. 'S e ar misean dìon dualchas do-bheantainneach na h-Alba, adhartachadh agus ath-bheothachadh. Tha sinn ag iarraidh dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan, luchd-rannsachaidh, luchd-teagaisg agus am poball san fharsaingeachd eòlach air na clàraidhean agus buannachd fhaighinn bhuapa.

Tha Tobar an Dualchais air a stiùireadh le Sabhal Mòr Ostaig, agus riochdairean bho na trì com-pàirtichean eile – Oilthigh Dhùn Èideann, Urras Nàiseanta na h-Alba, agus am BBC – a' frithealadh Buidheann Stiùiridh a' phròiseict.

Sealladh air an Dreuchd

Bidh dà phrìomh dhleastanas air an **Oifigear Ruigsinneachd is Cheadan**:

1. **Ruigsinneachd agus conaltradh** le coimhearsnachdan Gàidhlig, luchd-teagaisg agus buidhnean eile a tha freagarrach.
2. **Stiùireadh a' phròiseis cheadan** a leigeas le clàraidhean Thobar an Dualchais a bhith rim faotainn air-loidhne.

Tha an dreuchd seo freagarrach do chuideigin a tha dlùth ri dualchas na Gàidhlig, misneachail ann an obair choimhearsnachd, agus comasach air còraichean, ceadan agus cùisean beusanta co-cheangailte ri clàraidhean-fuaim a làimhseachadh.

Feumaidh an tagraiche soirbheachail a bhith stèidhichte aig **Sabhal Mòr Ostaig** no ag obair bhon taigh anns **na h-Eileanan an Iar**, le beagan siubhail an lùib na dreuchd.

Prìomh Dhleastanasan

1. Ruigsinneachd & Conaltradh Coimhearsnachd

- Leasachadh agus lìbhrigeadh ghnìomhan ruigsinneachd a bhrosnaicheas an tasglann do choimhearsnachdan agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.
- Togail agus cumail suas dhàimhean le buidhnean coimhearsnachd, sgoiltean agus buidhnean cultarach.
- Dealbhadh agus lìbhrigeadh bhùithtean-obrach, òraidean agus thachartasan anns am bi clàraidhean an tasglainn air an cleachdadh.
- Taic a thoirt do phròiseactan a bhrosnaicheas conaltradh eadar-ghinealaichean le dualchas na Gàidhlig.

2. Foghlam & Ionnsachadh

- Obair còmhla ri tidsearan agus luchd-foghlaim gus seiseanan a dhealbhadh agus a lìbhrigeadh ann an sgoiltean, colaistean agus suidheachaidhean ionnsachaidh neo-fhoirmeil.
- Taic a thoirt do dh'iomairtean a bhrosnaicheas daoine òga gu rannsachadh a dhèanamh san tasglann.

3. Brosnachadh Susbaint

- A bhith mar phàirt de sgioba a thaghas clàraidhean ionadail no cuspairean inntinneach a thèid a chleachdadh ann am pròiseactan ruigsinneachd no foghlaim.
- Cur ri conaltradh poblach, a' gabhail a-steach bhlogaichean, litrichean-naidheachd agus meadhanan-sòisealta.

4. Ceadachas & Stiùireadh Chòraichean

- A bhith mar phrìomh neach-conaltraidh airson iarrtasan ceadachais co-cheangailte ri clàraidhean-fuaim Thobar an Dualchais agus co-òrdanachadh le tasglannan nuair a bhios feum air.
- Clàran mionaideach a chumail de cheadan a chaidh a thoirt seachad, a chaidh a dhiùltadh agus a tha ri feitheamh.
- Conaltradh le luchd-seilbh chòraichean, oighreachdan agus fiosraichean gus cead fhaighinn far a bheil sin riatanach.

5. Taic Pròiseict & Rianachd

- Taic a thoirt do dhealbhadh agus libhrigeadh phròiseactan ruigsinneachd coimhearsnachd air diofar chuspairean.
- Cur ri coinneamhan sgioba agus co-obrachadh le luchd-obrach TAD air iomairtean thar-phròiseactan.

Comasan an Neach-obrach

Riatanach

- Fileantas ann an Gàidhlig (ga sgrìobhadh agus ga bruidhinn)
- Eòlas air cultar, dualchas agus beul-aithris na Gàidhlig.
- Eòlas air ruigsinneachd choimhearsnachd, foghlam, leasachadh cultarach no obair co-cheangailte.
- Sgilean eadar-phearsanta is conaltraidh sàr-mhath, le misneachd ann an conaltradh poblach.
- Sgilean eagrachaidh làidir, le comas air gnìomhan measgaichte a stiùireadh.
- Stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach, no ag obair bhon taigh anns na h-Eileanan an Iar.
- Feumaidh an neach a bhith comasach air siubhal mar phàirt àbhaisteach den dreuchd.

Buannachdail

- Eòlas air tasglannan-fuaim no cruinneachaidhean dualchais eile.
- Eòlas air lagh chòraichean-lethbhreac, IPR, no stiùireadh ceadachais.
- Sgilean didseatach airson cruthachadh susbaint no ruigsinneachd air-loidhne.
- Eòlas ann an eagrachadh thachartasan no foghlam dualchais.
- Eòlas ann a bhith a' libhrigeadh bhùithtean-obrach cruthachail, leithid dealbhadaireachd, seinn no ceòl.
- Eòlas air coimhearsnachdan, sgoiltean agus buidhnean anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.

Uairean-obrach

35 uairean san t-seachdain, mar as trice air an dèanamh thairis air 5 latha à 7. Bidh obair air deireadh-sheachdainean uaireannan riatanach gus tachartasan a libhrigeadh

Fòrladh Bliadhnail

35 latha sa bhliadhna, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach. Tha dùil gum bi luchd-obrach a' cleachdadh pàirt den fhòrladh bhliadhnail aca rè ùine dùnaidh na Nollaige aig a' Cholaiste.

Gus cur a-steach airson na h-obrach, cuiribh an tagradh agaibh gu obair@smo.uhi.ac.uk ro 5f air Dihaoine 24 Giblean 2026.

Tha dreuchdan fo ùmhlachd sgrùdaidhean *Disclosure Scotland* agus iomraidhean.